STORYWORLDS

An t-Isean Lachdann

Air ath-innse le Margaret Nash • Dealbhan Elisabeth Moseng

An t-Isean Lachdann

Air ath-innse le Margaret Nash

Dealbhan Elisabeth Moseng

A' Ghàidhlig Anna NicDhòmhnaill

STÒRLANN • ACAIR



Uair bha siud bha Mamaidh Tunnag ann
le iseanan beaga buidhe.
Ach bha aon isean mòr lachdann ann.
"Chan e isean tunnaig a tha annad," thuirt i.
"Tha thu ro lachdann."

Thuirt na h-iseanan eile,

"Isein Lachdainn, Isein Lachdainn,

teich às a seo. Teich!"

Leum na h-iseanan tunnaig dhan lòn.

Leum Isean Lachdann dhan lòn.
Bha e airson cluich còmhla ri na tunnagan beaga,
ach steall iad uisge air.
"Teich às a seo. Teich! Chan eil sinn gad
iarraidh," thuirt iad.

Chunnaic Isean Lachdann na cearcan.

"An cluich sibh còmhla rium?" thuirt e.

"Cha chluich," thuirt na cearcan.

"Chan e cearc a tha annad."

Agus shad iad gràn air.



Chunnaic Isean Lachdann na cearcan frangach.
"An cluich sibh còmhla rium?" thuirt e.
"Cha chluich, chan e cearc fhrangach a tha annad," thuirt na cearcan frangach agus shad iad connlach air.

"Teich!" dh'èigh na tunnagan.

"Teich!" dh'èigh na cearcan.

"Teich!" dh'èigh na cearcan frangach.

"Teich às a seo!"

Theich Isean Lachdann.

Ruith e fon fheansa.

Chaidh e a-steach dhan t-seada

agus cha tàinig e às.

Bha Isean Lachdann uabhasach bròn ach.
Chuir e a cheann fo a sgèith.
"Cha chluich creutair còmhla rium," thuirt e.
"Tha mi ro ghrànda."

Thàinig an t-earrach.

Chunnaic Isean Lachdann eala air an loch.

Shnàmh an eala a-steach.

Shnàmh Isean Lachdann a-mach.

"Nach tu tha brèagha," thuirt Isean Lachdann.

"Tha thusa brèagha cuideachd," thuirt an eala.

Choimhead Isean Lachdann anns an uisge.
"'S e eala a tha annam!" thuirt e.
"Trobhad còmhla riumsa," thuirt an eala,
agus sgèith iad air falbh còmhla.